



THE UNIVERSITY of EDINBURGH

Fios-naidheachd

Air a chur a-mach: 18th August

Bu chòir daoine a chaidh a bhìdeadh le nathraichean cùram ospadail èiginneach a shireadh

Bu chòir do dhaoine a chaidh a bhìdeadh le nathair a dhol dhan ospadal sa bhad airson measadh is leigheis a rèir dhotairean.

Thèid eadar 50 is 100 duine a bhìdeadh le nathraichean asg nimheil san RA gach bliadhna - as t-samhradh mar as trice - ach cha bhi iad uile a' sireadh cùram slàinte sa bhad.

Chaidh ceithir duine deug a bhìdeadh le asg anns an RA agus chaidh iad dhan ospadal airson leigheas thairis air a' mhìos mu dheireadh. Chaidh cuid de na h-euslaintich seo dhan ospadal ro anmoch gus leigheas èifeachdach fhaighinn.

A rèir luchd-rannsachaidh, tha cunnart nas àirde ann gum faigh daoine ciorram fhad-ùine ma bhios dàil ann mus faigh iad leigheas.

Cha bhi nimh ann an cuid de na bìdean aig agus mar sin, dh'fhaodte nach bi leigheas a dhìth - ach tha dotairean a' moladh gum bu chòir measadh a dhèanamh orra co-dhiù.

Uaireannan, fanntaichidh daoine mar thoradh air bìdean nathrach. Dh'fhaodte gum bi an teanga ag at cuideachd mar thoradh air bìdean nathrach, rud a dh'fhaodadh duilgheadasan adhbharachadh le bhith tarraing anail.

Bu chòir do dhaoine air a bheil comharran mar seo leigheas èiginneach fhaighinn le nimh-fhògrach (*antivenom*). Tha seo ri fhaighinn anns a' mhòr-chuid de roinnean èiginn san RA, a rèir dhotairean.

'S e na builean as cumanta aig bìdean aig puinnseanta at agus brùthadh, a shineas bhon làimh gu bràigh a' chuirp no bhon chois gu bonn a' mhanachain. Thèid seo a dhèanamh nas miosa ma tha aig daoine ri coiseachd air ais gu rathad mus tèid aca air siubhail dhan ospadal.

Ma thèid nimh-fhògrach airson bìdean aig a ghabhail luath gu lèor, is urrainn seo ìre an ait a lùghdachadh gu mòr. Mur a faighear leigheas gu luath, ge-tà, dh'fhaodte gum bi droch at ann agus droch phian anns a' bhall a chaidh a bhìdeadh agus gum bi duilgheadasan gluasad ann a tha feumach air teiripe-chuirp (*physiotherapy*) san ùine fhada.

Rangaichte mar fhear de phrìomh oilthighean an t-saoghail

'S e an t-asg an t-aon seòrsa de nathair phuinnseanta a gheibhear san dùthaich seo. Tha bìdean nas cumanta ann am mìosan an t-samhraidh nuair a tha nathraichean nas sprogaile agus nuair a tha barrachd dhaoine a' coiseachd air a' bhlàr a-muigh.

Aithnichear asg bho na comharraidhean cam-fhiarach so-aithnichte air a' chòrp agus bhon chruth-V dorcha air a' cheann.

Bidh a' mhòr-chuid de na tachartasan ann mar thoradh air daoine a bhith a' cur dragh air nathraichean gun fhiosta dhaibh, no a' cur dragh orra a dh'aona-ghnothach.

Thuirte Micheal Eddleston, Proifeasair Toxicology Clionaigeach ann an Oilthigh Dhùn Èideann agus Comhairliche-leighis airson Seirbheis Fiosrachaidh Nàiseanta nam Puinnseanan: "Tha sinn a' faicinn àrdachadh anns an àireamh de dhaoine a tha a' tighinn a-steach dhan ospadal 24 uairean a thide no mar sin às dèidh dhaibh a bhith air am bìdeadh nuair a tha iad air at gu mòr. Tha seo gan cur ann an cunnart bho dhuilgheadasan gluasaid pianail.

"Tha leigheas tòrr nas èifeachdaiche ma thèid a dhèanamh gu tràth agus mholamaid gu làidir gun tig luchd-fulaing dhan ospadal cho luath sa ghabhas. Cha bhi a h-uile duine feumach air nimh-fhògrach ach bu chòir do na daoine a tha feumach air fhaighinn gu luath gus at agus duilgheadasan anns an fhad-ùine a lùghdachadh .

"Ma ghabhas a dhèanamh idir, cha bu chòir daoine a bhith a' coiseachd astar fada às dèidh dhaibh a bhith air am bìdeadh - bu chòir dhaibh càirdean no fònaichean làimhe a chleachdadh gus cuideachadh fhaighinn."

Airson barrachd fiosrachaidh, cuir fios gu:

Jen Middleton, Oifis nam Meadhanan is PR, fòn 0131 650 6514, post-d

Jen.Middleton@ed.ac.uk

Rangaichte mar fhear de phrìomh oilthighean an t-saoghail